

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/09/24

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 29 Cèitean 2024

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do bhuill mu phrìomh raointean leasachaidh o chionn ghoirid taobh a-staigh leasachadh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach leasachaidhean ann an adhartas a thaobh planadh feachd-obrach airson a bhith a' fastadh thidsearan airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG).

Tha an aithisg seo cuideachd a' co-roinn nan trì prìomh raointean pròiseict agus na builean airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2024/25.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- toirt fa-near do na raointean leasachaidh is adhartais ann am foghlam Gàidhlig agus fastadh thidsearan airson foghlam Gàidhlig; agus
- beachdachadh agus toirt fa-near air na trì pròiseactan a tha air am mìneachadh ann an iarrtas agus duais Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba airson 2024/25 ris am bi an tabhartas a' cur taic.

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha am maoinachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh Foghlam Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Ged a tha seo brìgheil agus di-beathte, bu chòir toirt fa-near gu bheil a' mhòr-chuid de chaiteachas Gàidhlig na Comhairle a' tighinn bho phrìomh bhuidseatan na Comhairle fhèin.

Airson na bliadhna ionmhasail 2024/25, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas TSG £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8M agus chaidh £915,000 fhaotainn.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoin eachadh a bharrachd tro thagraidhean airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas air ùghdarras foghlaim brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig (earrann 15).

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Far an urrainnear, bithear a' cumail choinneamhan air-loidhne.

3.5 Cunnart

Nach eilear a' coileanadh nam builean a thaobh foghlam Gàidhlig ann am Plana na Gàidhlig agus ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

3.6 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)

Chan eil buaidhean ann.

3.7 Gàidhlig

Tha an aithisg a' cur ri foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Prìomh Leasachaidhean ann an Solar Foghlam Gàidhlig

4.1 Prògram Litearrachd na Gàidhealtachd

Tha TSG airson 2023/24 air goireasan a thoirt seachad airson 0.4 de Oifigear Leasachadh Litearrachd Gàidhlig airson Comhairle na Gàidhealtachd. Tha am maoin eachadh a' toirt taic do aon dreuchd airson aon teirm, airson stiùir a thoirt seachad ann a bhith a' cruthachadh is a' leasachadh ghoireasan sa Ghàidhlig airson Pròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd. Bheir an t-oifigear seachad cothroman airson trèanadh air-loidhne tron t-seisean mu dheireadh de 2023/24, tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh goireasan ùra agus seiseanan taiceil de thrèanadh air-loidhne rim faotainn tron ghreis-obrach.

Chaidh a' chiad trèanadh air-loidhne a chumail air Diardaoin 18 Giblean. Bha cothrom ann ainmean a chur a-steach airson pàirt a ghabhail tro Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach na Gàidhealtachd agus chaidh cuireadh a thoirt do thidsearan a bha ag obair ann am FtG ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Bha 50 neach-cleachdaidh an làthair aig a' chiad sheisean. Tha seo a' sealltainn gu bheil iarrtas ann airson taic san raon seo de leasachadh curraicealach, an dà chuid airson cothroman lìonrachaidh agus ionnsachadh proifeiseanta.

4.2 Planadh Leasachadh Sgoile

Choinnich Sgioba Stiùiridh Co-obrachail an Fhoghlaim o chionn ghoirid aig coinneamhan cheannardan ro-innleachdail thar na Gàidhealtachd. Chaidh leasachadh cudromach airson na Gàidhlig a cho-roinn mar phàirt dhen teampaid ùraichte airson Planadh Leasachadh Sgoile. Tha seo a' meudachadh prìomhachas na Gàidhlig tro na frèaman-obrach ùra leasaichte agus a' toirt seachad co-ionannachd airson a bhith ag aithris air builean Gàidhlig.

Thathar a' moladh nan raointean a leanas airson targaidean leasachaidh cuimsichte agus fèin-luachadh le barantas càileachd tro sheisean na sgoile:

- Stiùireadh Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig; eòlasan bogaidh de chàileachd àrd, a' leasachadh fileantachd, spiorad Gàidhlig
- Àrd-sgoil – a' meudachadh chothroman bogaidh ann am Foghlam Farsaing Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde
- Iomairtean a tha a' brosnachadh agus a' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, ann an coimhearsnachdan agus ann an eòlasan neo-churraicealach
- Gnìomhan airson taic a thoirt do chànan is chultar na Gàidhlig (ealain, meadhanan, gnìomhachasan cruthachail, àite-obrach)
- Prìomhachas plana Gàidhlig ùghdarras ionadail

5. Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG)

5.1 'S e adhbhar TSG taic a thoirt do phròiseactan ùra is làithreach a tha, no a bhios, comasach air an luach a thaisbeanadh ann a bhith a' cur taic ri fàs ann am foghlam Gàidhlig.

Fo Riaghailtean nan Tabhartasan airson Foghlam Gàidhlig (Alba) 1986 (Pàipear-taice B), tha fàilte air iarrtasan co-cheangailte ri caiteachas air a thogail airson adhbharan a tha air an aontachadh le Ministearan na h-Alba ann an, no co-cheangailte ri, teagasg cànan na Gàidhlig no ri bhith a' teagasg chuspairean eile sa chànan sin. Tha Riaghaltas na h-Alba a' meas airson TSG, gu bheil am facal 'teagasg' a' gabhail a-steach a bhith a' teagasg gach buidheann-aoise ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-foirmeil.

5.2 Pròiseactan Foghlaim Gàidhlig san Iarrtas airson Tabhartas 2024/25

'S e Comhairle na Gàidhealtachd an solaraiche as motha de FtG ann an Alba. Tha 29 àrd-sgoiltean agus 170 bun-sgoiltean aig Seirbheis an Fhoghlaim againn. Mar sin tha 199 sgoil a' còmhdach sgìre chruinn-eòlasach, a tha cha mhòr uimhir ris a' Bheilg. Tha 48% de na h-àrd-sgoiltean againn a' tabhann foghlam Gàidhlig. Tha 12% de na bun-sgoiltean againn a' tabhann FtG. Tha measgachadh de sgìrean bailteil, leth-bhailteil, dùthchail agus iomallach ann agus tha àrd-amas againn cothroman a thoirt seachad airson na Gàidhlig air feadh na roinne air fad.

Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig

Pròiseact 2 – A' Ghàidhlig anns an Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan –
Pròiseactan Ionnsachaidh is Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3

Pròiseact 3 – A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile agus Àrd-sgoile

5.3 Pròiseact 1 – Taic gu ruige stiùir ro-innleachdail airson na Gàidhlig taobh a-staigh raointean prìomhachais sònraichte foghlaim ann am PG4.

'S iad na prìomh raointean fòcais dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig anns a' Ghàidhealtachd air a brosnachadh gu gnìomhach, agus gu bheil barantas càileachd ga dhèanamh taobh a-staigh frèam-obrach de choileanadh is riaghlachas, agus a' toirt cunntas do Comataidh Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha builean a' cur ris an stiùireadh seo a' gabhail a-steach a bhith:

- a' cumail sùil, a' sgrùdadh is a' brosnachadh buileachadh Plana Gàidhlig na Comhairle, a' gabhail a-steach libhrigeadh foghlaim Gàidhlig;
- a' dèanamh conaltradh le Bòrd na Gàidhlig mu leasachadh ro-innleachdail cànan na Gàidhlig;
- ag obrachadh le buidhnean leasachaidh Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh, a' leasachadh agus a' cumail suas cànan, dualchas agus cultar na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd;
- ag obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba a thaobh reachdas a' buntainn ri cànan na Gàidhlig;
- a' cumail sùil air buaidhean reachdais a thaobh cànan na Gàidhlig agus comhairle a thoirt dhan Chomhairle mun bhuidhe aice thar na Gàidhealtachd; agus
- a' cumail sùil air buidseatan a thaobh maoinachadh sònraichte, tabhartasan, agus caiteachas Gàidhlig.

5.4 Pròiseact 2 – A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan – Pròiseactan Ionnsachaidh is Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3

Tha builean air am planadh fo na cinn a leanas:

- A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan
- A' Choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
- A' Choimhearsnachd Ghàidhlig sa Bhun-sgoil
- A' Choimhearsnachd Ghàidhlig san Àrd-sgoil

Tha Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig a' faighinn taic bho obair nan oifigearan ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig agus Sgioba na Gàidhlig agus oifigearan Roinn an Fhoghlaim.

Tha dreuchd chudromach aca ann a bhith a' brosnachadh luach na Gàidhlig agus cothroman airson ionnsachadh fad-bheatha, no a bhith a' leasachadh an fheachd-obrach òg mar phàirt dhen chlàr-ghnothaich airson sgilean beatha, ionnsachadh agus obair airson 3–18. Cuideachd, bidh iad a' lorg maoinachadh bhon taobh a-muigh airson taic a chur ri ionnsachadh inbheach agus gus taic teaghlach a cho-òrdanachadh is a libhrigeadh do theaghlachan agus 0–3 bliadhna.

5.5 Pròiseact 3 – A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile

Tha builean taobh a-staigh a' phròiseict seo a' gabhail a-steach obair ann am foghlam airson sluagh-thomhais 3–18 bliadhna. Tha seo air a thoirt seachad tro thaic agus obair leasachaidh a tha air a stiùireadh agus air a bhuileachadh le oifigearan foghlaim le raon-ùghdarras airson Gàidhlig taobh a-staigh co-theacsa de phlanadh ro-innleachdail a thaobh prìomhachasan foghlaim air fad.

6. Cunntas às Ùr mu Phlana Feachd-obrach FtG

- 6.1 Aig Comataidh an Fhoghlaim san t-Samhain 2023, thug aithisg seachad geàrr-chunntas de Phlana Feachd-obrach Seirbheis an Fhoghlaim agus an Ionnsachaidh airson na h-ùine 2023–26.

Mar phàirt dhen aithisg seo, chaidh aithneachadh gu bheil fastadh luchd-obrach Gàidhlig agus tidsearan FtG na dhuilgheadas mòr dhan t-Seirbheis. Thathar cuideachd ag aithneachadh gur e cùis nàiseanta a tha seo nach eil a' buntainn ris a' Ghàidhealtachd a-mhàin.

Thathar air adhartas a dhèanamh o chionn ghoirid a thaobh fastadh thidsearan FtG thar na Gàidhealtachd. Am measg nan nithean a tha a' cur ris a seo, tha obrachadh com-pàirteach nas dlùithe eadar planadh feachd-obrach, oifigearan foghlaim agus Sabhal Mòr Ostaig. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' conaltradh le oileanaich airson tuigse fhaighinn air feumalachdan luchd-pròbhaidh agus a' ceangal seo ri raointean far an deach beàrnan a chomharrachadh.

Bha an obair chom-pàirteach seo soirbheachail le sia tidsearan FtG an-dràsta air greisean-teagaisg pròbhaidh thar na Gàidhealtachd. Thathar air ceathrar oileanach a ghleidheadh airson ghreisean-teagaisg solar FtG an-ath-sheisean. Bha buaidh a' mheudachaidh ann an greisean-teagaisg pròbhaidh anns a' Ghàidhealtachd ri fhaicinn nuair a chaidh sanasachd fastaidh a dhèanamh sa Mhàrt 2024 le beàrnan ann an dreuchdan FtG bun-sgoile is àrd-sgoile air an lìonadh gu soirbheachail.

Tha a bhith a' libhrigeadh chuspairean àrd-sgoile tron Ghàidhlig fhathast na dhùbhlán. Mar phàirt dhen obair gu ruige a bhith a' dùnadh na beàirn seo, thathar air com-pàirteachas ùr a stèidheachadh le Oilthigh Shrath Chluaidh. Sa Ghiblean, choinnich àrd-mhanaidsearan àrd-sgoiltean le oileanaich air-loidhne airson tuigse fhaighinn air feumalachdan nan oileanach nuair a bha iad a' taghadh ùghdarrasan ionadail airson na bliadhna pròbhaidh aca. Tha ceanglaichean nas dlùithe airson ghreisean-teagaisg san ath sheisean a-nis air am planadh agus thathar an dòchas gum broснаich seo tidsearan roghnachadh greisean-teagaisg agus bliadhnaichean pròbhaidh a dhèanamh anns a' Ghàidhealtachd gus iarrtasan a choinneachadh san àm ri teachd.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 3 Cèitean 2024

Ùghdar: Lena Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: